

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gaidheal (103.5-105 FM). It is broadcast at 11.50 a.m. every Friday, with a repeat at 10.55 a.m. the following day. This is Litir 417. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which goes to air around 7.00pm on Monday evenings between Siubhal gu Seachd and Rapal. Litir Bheag 113 corresponds to Litir 417. Both programmes are available on the BBC website at bbc.co.uk/alba/foghlam.

Nuair a bha mi ann an Eilean Mhanainn, thuirt feadhainn rium, “Cuin a tha na h-eileanan agaibh a’ dol a thighinn fo smachd Eilean Mhanainn a-rithist?” Bha iad a’ ciallachadh eileanan taobh siar na h-Alba. Tha mi a’ smaoinichadh gun robh iad ri fealla-dhà. Ach chan eil mi cinnteach.

Tha ceanglaichean eachdraidheil làidir ann eadar Eilean Mhanainn agus Alba. Chan e a-mhàin na cànanan Gàidhealach. Ach cuideachd na ceanglaichean a bh’ ann ri linn nan Lochlannach.

Nochd a’ Ghàidhlig – no Gaelg – ann an Eilean Mhanainn anns a’ chòigeamh linn. Bha an cànan is cultar làidir. Eadhon nuair a thàinig na Lochlannaich, ’s e a’ Ghàidhlig a mhair. Thug na Lochlannaich buaidh mhòr air an t-siostam phoilitigeach. Ach cha tug iad buaidh mhòr air a’ chànan. Tha barrachd fhaclan Lochlannach ann an Gàidhlig na h-Alba na tha anns a’ Ghàidhlig Mhanainnich.

Tha grunn ainmean-àite Lochlannach ann, ge-tà. Mar eisimpleir, Laxey. Tha sin a’ tighinn bhon aon fhreumh ri Lacasaigh ann an Leòdhas. Tha e a’ ciallachadh “abhainn a’ bhradain”. Tha Lacasdal ann an Leòdhas a’ ciallachadh “gleann a’ bhradain.”

Tha mòran ainmean cinnidh ann an Eilean Mhanainn a’ tighinn bhon Ghàidhlig. Chan eil mòran ann le *Mac* aig an toiseach, ge-tà. Dh’atharraich *Mac* gu tric gu dìreach C – no san latha an-diugh C, K agus Q. Mar eisimpleir, thàinig Kermode bho MacDhiarmaid, Quarry bho MacGuaire agus Kissack bho MacÌosaig.

Anns an aonamh linn deug, bha Eilean Mhanainn aig ceann rìoghachd – Rìoghachd Mhanainn is nan Eilean. B’ iad na h-eileanan sin an fheadhainn far chosta siar na h-Alba. Bha na ceudan de dh’eileanan ann. Ach a thaobh riaghladh, bha iad a’ cumtadh trithead ’s a dhà (32). Bha Eilean Mhanainn gu deas air a’ chòrr. Ach bha e aig cridhe poilitigeach na rìoghachd.

B’ e pàrlamaid nan eilean *Tinvaal* – no *Tynwald* – facal a tha a’ ciallachadh “pàrlamaid” ann an Lochlannais. ’S ann às a sin a thàinig an t-ainm-àite Beurla a th’ air Inbhir Pheofharain – *Dingwall*. Tha Tinvaal fhathast a’ dol – agus a’ dol gu

math. Tha Manainnich moiteil aiste. Tha iad ag ràdh gur ise a' phàrlamaid as fhaide a mhair – gun bhriseadh sam bith – air an t-saoghal. Bho làithean nan Lochlannach chun an latha an-diugh.

* * * * *

Faclan is abairtean: thuirte feadhainn rium: *some people said to me*; cuin a tha na h-eileanan agaibh a' dol a thighinn fo smachd Eilean Mhanainn a-rithist?: *when are your islands going to come under the control of the Isle of Man again?*; eileanan taobh siar na h-Alba: *the western islands of Scotland*; gun robh iad ri fealla-dhà: *that they were joking*; ceanglaichean eachdraidheil: *historical links*; chan e a-mhàin: *not only*; ri linn nan Lochlannach: *at the time of the Norse/Vikings*; 's e a' Ghàidhlig a mhair: *it's Gaelic that survived*; buaidh mhòr air an t-siostam phoilitigeach: *a big effect on the political system*; barrachd fhaclan Lochlannach: *more Norse words*; anns a' Ghàidhlig Mhanainnich: *in [the] Manx Gaelic*; grunn ainmean-àite: *several place names*; bhon aon fhreumh: *from the same root*; abhainn a' bhradain: *salmon river*; aig an toiseach: *at the beginning*; anns an aonamh linn deug: *in the eleventh century*; tha sinn eòlach oirre mar: *we know it as*; far chosta siar na h-Alba: *off the west coast of Scotland*; a thaobh riaghladh, bha iad a' cunntadh trithead 's a dhà: *for government purposes, they counted 32*; gu deas air a' chòrr: *south of the others*; cridhe poilitigeach na rìoghachd: *the political heart of the kingdom*; moiteil aiste: *proud of it [fem]*; gur ise a' phàrlamaid as fhaide a mhair: *that it's the parliament that's lasted longest*; gun bhriseadh sam bith: *without any break*.

ends